

Freagairt bho Alison Lang air Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus air an Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig

26 OCT 2006

Taisbeanadh neo-phàirteachd

Is ann leam fhìn gu pearsanta a tha na beachdan a leanas, agus chan ann as leth buidheann sam bith a tha mi a' riochdachadh, anns a bheil ballrachd agam no dha bheil mi ag obair a tha mi gan cur an cèill.

A. Lang

Ceann latha: *25 Dàmhair 2006*

1. PRÌOMH CHÀNAN A' PHLANA AGUS AN STIÙIRIDH

Ceist

An ann aig an dreachd Ghàidhlig no aig an dreachd Bheurla a tha prìomhachas ma tha deasbad ag èirigh mu chiall na dà dhreachd? Ma tha inbhe laghail, no leth laghail, aig na bileagan seo fo Achd na Gàidhlig 2005, feumaidh e bhith follaiseach dè an dreachd aig a bheil ùghdarras ma tha diofar eadar a' Ghàidhlig agus a' Bheurla a dh'adhbharaicheas mi-chinnt.

Moladh

Gur i a' Ghàidhlig a bhios na prìomh chànain san dà bhileig.

Gum bi earrann aig toiseach gach bileig ag innse gur e an dreachd Ghàidhlig aig a bheil ùghdarras ma dh'èireas ceist sam bith mu dheidhinn mìneachadh na tha sgrìobhte annta.

2. LÈIRSINN

Ceistean

'S e a' chiad cheist a th' anns an ro-ràdh: "A bheil sibh ag aontachadh leis an lèirsinn a tha anns an dreachd Plana?" Tha e furasta gu leòr a bhith ag aontachadh leis an liosta de na rudan a tha a dhìth air bun-structar na Gàidhlig, goireasan ann an iomadh raon, misneachd an luchd-labhairt is eile, ach chan eil e idir follaiseach dè dìreach a tha am Bòrd a' sùileachadh a rèir clàr-ama nas fhaide na còig bliadhna, no **ciamar** a thig an lèirsinn gu bith agus dè na ceumannan prataigeach a bhios Bòrd na Gàidhlig no buidhnean eile a' gabhail. Bidh e math ma bhios "leudachadh", "meudachadh" agus "àrdachadh" ann, ach chan eil am plana ag ràdh:

- dè bhios Bòrd na Gàidhlig fhèin a' dèanamh
- ciamar a bhios ceanglaichean leis na prìomh bhuidhnean ag obair
- gu bheil na prìomh bhuidhnean deònach co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig, agus dè thachras mura h-eil

Moladh

- Gun tèid an earrann “Gnìomhachd Bhòrd na Gàidhlig: an Fheum air Com-pàirteachas” (plana, td 6-7) a leudachadh gus suidheachadh agus dleasan a’ Bhùird a shoillearachadh a thaobh dhòighean-obrach, dàimhean laghail, *concordats* is eile, an dà chuid
 - le buidhnean poblach (cuid aca a bhios deònach uallach na h-achd a thoirt orra fhèin agus cuid nach bi cho deònach) agus
 - le buidhnean priobhaideach no saor-thoileach (a tha pailt am-measg nam prìomh bhuidhnean, ged nach eil cumhachd laghail aig Bòrd na Gàidhlig iarraidh orra rudan sònraichte a dhèanamh)
- Gum bi roimh-shoilleireachadh idè-eòlach (prior ideological clarification) air cùl amasan a’ phlana, ’s gum bi e soilleir gur ann air na h-amasan seo a tha lèirsinn a’ phlana stèidhichte.
- Gum bi liosta coileanta sa phlana de na gnìomhan a bhios Bòrd na Gàidhlig fhèin a thoirt air adhart, agus de na dleasan a bhios aig a’ Bhòrd agus aig na com-pàirtichean ann an pròiseactan sònraichte, le eisimpleirean den t-seòrsa clàr-ama a bhios ann air an son.

3. TARGAIDEAN

Uireasbhaidh

Tha puingeagan sònraichte agam mu dheidhinn thargaidean (faic puing 6). San fharsaingeachd, ge-tà, tha na targaidean ro ìosal agus tha 2011 ro thràth. Ged a thathas a’ tuigsinn gum feum Bòrd na Gàidhlig dearbhadh dhan Riaghaltas le figearan cruaidh gu bheil toraidhean a chuid-obrach rim faicinn, tha barrachd air còig bliadhnaichean a dhith airson amasan planadh cànan a choilionadh, gu h-àraidh ma tha sinn dìreach a’ tòiseachadh air siostam foirmeil de phlanadh cànan, agus cha bu chòir dhuinn cus feart a thoirt air toraidhean a’ chunntas-sluaigh ann an 2011. Ma bhios toraidhean 2011 a’ sealltainn gu bheil sluagh na Gàidhlig nas lugha na bha e ann an 2001 (rud nach biodh na iongnadh), dè bhiodh sin a’ ciallachadh airson Bòrd na Gàidhlig no airson poileasaidh an Riaghaltais – gur e cùis chaillte a th’ ann ’s nach fhiach an oidhirp tuilleadh?

Chan eil e cho doirbh planaichean a dhèanamh nas fhaide air adhart. Bidh daoine a’ planadh air adhart nam beatha làitheil fad na h-ùine – dà fhichead bliadhna airson am peinnseanan ’s còrr air fichead airson foghlaim an cuid-chloinne, mar eisimpleir. Carson nach eil Bòrd na Gàidhlig a’ coimhead nas fhaide air adhart na 2011?

Moladh

- Gun aithnich am plana gu h-onarach gun tèid na h-àireamhan an lughad mus tèid iad am feabhas a-rithist.
- Gum bi targaidean ann airson 2021, 2031, 2041, etc, ’s gum bi leirmheas air na figearan a rèir thoraidhean mar a thig iad a-mach, agus lèirsinn airson na Gàidhlig san ath ghinealach agus as dèidh sin.
- Gum bi targaidean sònraichte airson rudan a ghabhas a dhèanamh a dh’aithghearr (faic puing 4, a leanas) airson deagh bhuaidh a thoirt air na figearan ann an 2011 agus 2021.

4. BUAIN LUATH: LUCHD-IONNSACHAIDH AGUS LETH-FHILEANTAICH

Uireasbhaidh

Ma tha am Bòrd agus an Riaghaltas a' sireadh thoraidhean a chithear a dh'aithghearr, fiù 's ann an 2011, ghabhadh leudachadh san àireamh de luchd-labhairt a choilionadh le bhith a' toirt luchd-ionnsachaidh agus leth-fhileantaich gu fileantachd. Ann an 2001, bha mu 30,000 duine a bha a' tuigsinn na Gàidhlig gun a bhith comasach air bruidhinn no sgrìobhadh, ach chan eil plana soilleir susbainteach san earrann air foghlam aig an treas ìre agus foghlam fad-beatha a tha ag ràdh gu bheil e mar amas aig a' Bhòrd Gàidhlig a theagasg dhan t-sluagh seo.

Moladh

- Gum bi roi-innleachd coileanta nàiseanta gu sònraichte airson luchd-ionnsachaidh inbheach.
- Gum tèid rannsachadh a dhèanamh air cò an 30,000 duine seo, dè an aois a tha iad, càit a bheil iad a' fuireach, am bu mhath leotha a bhith fileanta, etc.
- Gun toir am Bòrd, am plana agus an roi-innleachd prìomhachas gu siostam teagaisg aig a bheil cliù 's dearbhadh gu bheil e èifeachdach, mar siostam Ùlpan sa Chuimrigh, 's gum bi taic-airgid gu leòr airson stuthan-teagaisg, trèanadh luchd-oide, co-ordanachadh chùrsaichean agus margaideachd aig an t-siostam, agus barantas bho Bhòrd na Gàidhlig, Learndirect Scotland agus buidhnean iomchaidh eile air a shon.
- Gum bi maoinachadh ri fhaighinn airson dhaoine a tha airson cùrsaichean Gàidhlig a dhèanamh, ach aig a bheil ceum mar-thà 's nach fhaigheadh maoinachadh an-dràsta airson ceum no cùrsa eile.

5. FOGHLAM “TREAS ÌRE” AGUS “FAD BEATHA”

Uireasbhaidh

Puing shònraichte: tha am Bòrd mothachail air duilgheadas a bhios aig cuid a luchd-ionnsachaidh (td 25) – “Do mhòran chan e roghainn a bhios ann an cùrsaichean bogaidh gu bràth.” San tionndadh Bheurla, ge-tà, tha e ag ràdh: “Immersion courses will never be an option for many”, nach eil a' ciallachadh buileach an aon rud, oir tha e a' toirt air an leughadair Bheurla a' creidsinn gu bheil rud ceàrr air cùrsaichean bogaidh, 's nach ruig iad ach glè bheag de dhaoine, an àite a bhith ag ràdh gu bheil mòran daoine nach eil a' creidsinn gu bheil cùrsa làn-tìde aig oilthigh no colaiste freagarrach dhaibh-san. Tha mi an amharas gur e “For many, immersion courses will never be an option” a bha fa-near don sgrìobhadair. Tha soillearachadh a dhìth.

Puing fharsaing: a' leantainn air puing 4, tha dìreach aon raon sa phlana airson “treas ìre” agus “fad beatha” còmhla ri chèile, ach chan eil e iomchaidh a bhith a' cur cheuman acadaimigeach, chùrsaichean bogaidh, chlasaichean oidhche, trèanadh san àite-obrach is eile còmhla ri chèile san aon raon, oir tha feumalachdan eadar-dhealaichte aig na h-oileanaich anns gach seòrsa siostam-foghlaim. San fharsaingeachd, chan eil cudrom gu leòr sa phlana air luchd-ionnsachaidh no mothachadh air dè cho cudromach 's a bhios luchd-ionnsachaidh ann an ath-thilleadh gluasad cànan (reversing language shift).

Moladh

Gum bi an raon seo (sa phlana agus san roi-innleachd airson foghlam) air a leudachadh agus air a roinn eadar

- cùrsaichean acadaimigeach traidiseanta, le Roinnean Ceiltis nan seann oilthighean mar phrìomh chom-pàirtichean
- foghlam treas-ìre ann an colaistean airson trèanadh-cosnaidh tro mheadhan na Gàidhlig
- cùrsaichean buannachd-cànain airson inbheach, a' gabhail a-steach
 - cùrsaichean Ùlpan
 - cùrsaichean goirid eile
 - cùrsaichean bogaidh ann an colaistean
 - clasaichean oidhche, clasaichean coimhearsnachd is eile
 - teagasg Gàidhlig san àite-obrach
 - teagasg Gàidhlig do phàrantan aig a bheil clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
 - teagasg Gàidhlig do thidsearan mar thrèanadh proifeiseanta leantainneach – rud a chuidicheas le leudachadh sgeamaichean GLPS sna bun-sgoiltean

Gum bi raon eile anns a' phlana/roi-innleachd a tha a' dèiligeadh ri trèanadh agus aithne phroifeiseanta airson luchd-oide, thidsearan is òraidichean a tha a' teagasg Gàidhlig do dh'inbhich.

Gum bi amasan sònraichte agus clàr-ama ann airson àireamhan luchd-oide air an trèanadh agus àireamhan luchd-ionnsachaidh a tha a' frithealadh nan cùrsaichean agus a tha a' fàs fileanta, agus gun tèid siostam-measaidh a staidheachadh son èifeachdachd nan cùrsaichean uile a mheasadh.

Ged nach biodh seo a' coimhead cho snasail a rèir cruth a' phlana mar a tha e an-dràsta, tha susbaint nas cudromaiche na cuimireachd.

6. GÀIDHLIG SAN TEAGHLACH

Ceistean

Tha ceistean ag èirigh às an targaid air td 12: a) gum bi Gàidhlig aig 1.0% dhiubh-san ann an Alba a tha aois trì is còrr ann an 2011; agus b) gum bi 50% de chloinn comasach air Gàidhlig a bhruidhinn ann an teaghlaichean anns a bheil Gàidhlig aig neach-comharra a' chunntas-sluaigh.

a) Sa chiad dol-a-mach, bi daoine a' gabhail iongnadh carson a tha an targaid de 1.0% airson 2011 nas ìsle na 'm figear ann an 2001, nuair a bha Gàidhlig aig 1.2%. Ged nach biodh e na iongnadh ma bhios am figear air tuiteam, bhiodh e inntinneach agus feumail beachdan a' Bhùird air an targaid seo fhaicinn gus am biodh fios againn uile carson a chaidh 1.0% a thaghadh.

b) Ma tha Gàidhlig aig neach-comharra a' chunntas-sluaigh – can gur e fear le Gàidhlig a th' ann 's e pòsda air tè aig nach eil ach Beurla – bhiodh an cuid-chloinne a' tighinn san àireamh airson na targaid seo. Ach mur eil Gàidhlig aig an neach-comharra, cha tigeadh a' chlann san àireamh idir, ged a bhiodh Gàidhlig aig a' chloinn agus aig a' phàrant eile. Thathas ag ràdh gu bheil màthraichean nas fheàrr air cànan a thoirt dhan ath ghinealach na tha athraichean, ach mas e am fear a tha na neach-comharra cha bhiodh clann le Gàidhlig a fhuair iad bho am màthair a' nochdadh sna figearan.

Moladh

Gum bi mineachadh an cois nan targaidean a tha a' sealltainn carson a chaidh an taghadh.

Gum tèid rannsachadh a chur air dòigh air pàtranan tar-chur eadar na ginealaich – far a bheil Gàidhlig aig athair no aig màthair no aig an dithis aca, mar eisimpleir, no ann an teaghlaichean le dìreach aon phàrant – agus gun lorgar dòigh nas subailte airson èifeachdachd tar-chur ann an teaghlaichean a mheasadh.

Gun aithnich am plana gur urrainn do luchd-ionnsachaidh an cuid-chloinne a thogail le Gàidhlig, agus gum bi taic a dhìth orra san oidhirp seo.

7. ÀITE-OBACH

Uireasbhaidh

Tha an raon seo a' coimhead air dreuchdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin, ach cha bhi a h-uile duine aig a bheil Gàidhlig ag obair ann an leasachadh na Gàidhlig no na h-ealain Ghàidhlig. Dè mu dheidhinn obair “àbhaisteach” far a bheil Gàidhlig ga cleachdadh mar chainnt nàdarra am-measg an luchd-obrach – a bheil am Bòrd a' gabhail ris nach eil leithid de dh'àite-obrach ann tuilleadh? Tha cunnart ann gum bi daoine a' faicinn na Gàidhlig mar chànan nan “Gaidheal proifeiseanta”, rud nach bruidhneadh plumair, neach-altraim no dràibhear-bus.

Moladh

As dèidh “Leasachadh sgeamaichean greis-gnìomhachais tro Ghàidhlig do dh'oileanaich is ceumnaichean,” (td 16) gun lean an seantans, “agus do sgoilearan a tha a' fàgail na sgoile”.

Gum bi cothroman ann airson dhaoine a tha ag ionnsachadh ciùird, a' dèanamh trèanadh-cosnaidh, no a' sireadh obair no slighe air ais a dh'obair greis-gnìomhachais fhaighinn ann an àite-obrach far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn.

Gum bi am plana, agus planaichean nam buidhnean poblach, mothachail air dè cho cudromach 's a tha e gum bi Gàidhlig ann an àiteachan-obrach far a bheilear a' coimhead as dèidh seann daoine no clann aig a bheil Gàidhlig, agus gum bi cothroman trèanaidh aig an luchd-obrach a tha a' frithealadh orra.

8. BUIDHNEAN “UMBRELLA”

Ceist

Ma tha buidheann “umbrella” a' deasachadh plana, am biodh e comasach do chuid de na buidhnean beaga anns a' bhuidhinn mhòir uallach a sheachnadh a chionn 's gu bheil poileasaidh làidir agus deagh chleachdadh a thaobh na Gàidhlig aig dìreach dhà no trì dhiubh? Mar eisimpleir, nam biodh Colaiste Inbhir Nis airson cur às dha na cùrsaichean Gàidhlig aca, am b' urrainn don UHI coltas math a chur air a' phlana aca air tàilleabh nan cùrsaichean aig Sabhal Mòr Ostaig, no am b' urrainn do HIE cumail a-mach gun robh iad a' coilionadh an dleastanais ged nach biodh ach aon de na LECs a' brosnachadh na Gàidhlig, no am b' urrainn do dh'ùghdarras ionadail leudachadh ann am foghlam Gàidhlig a dhiùltadh a chionn 's gu bheil dìreach beagan den fhoghlam seo ga sholarachadh mar-thà?

Moladh

Gum bi soillearachadh sa phlana agus san stiùireadh mun t-suidheachadh seo.

Nach bi e ceadaichte do dh'ùghdarras ionadail no buidheann phoblach eile planaichean lag a dheasachadh air an leisgeul seo. Ma tha iad làidir gu leòr a thaobh na Gàidhlig ann an àiteachan feumaidh iad a bhith làidir air feadh na buidhne.

9. CONALTRADH**Moladh**

Gum bi e soilleir sa phlana agus san stiùireadh gu bheil conaltradh poblach mar uallach air na buidhnean a tha a' deasachadh planaichean, agus gum feum iad feart a thoirt air beachdan an t-sluaigh.

Gun cum Bòrd na Gàidhlig fios ris a' mhòr-shluagh a thaobh nan conaltraidhean seo, agus gun innis am Bòrd ris a' choimhearsnachd dè cho cudromach 's a tha e gun cuir iad am beachdan ann an sgrìobhadh.

Gum bi Bòrd na Gàidhlig fosgailte mu dheidhinn nan adhbharan a th' aca airson gabhail ri planaichean nam buidhnean poblach no airson atharrachaidhean iarraidh, gus am bi earbsa aig a' choimhearsnachd ann an dòighean-obrach a' Bhùird agus anns na planaichean fhèin.